

# *Ginthas Sealbhach*

Goireasan Teagaisg



Le Barbara Henderson

# Mas tòisich thu...

## Obair-dachaigh

1. Dèan rannsachadh airson ìomhaighean de na Fuadaichean. Bha dealbhan-camara nan rud ùr aig an àm, ach math dh'fhaodte gun lorg thu dealbhan de thobhtaichean, dealbhan-peantaidh no dealbhan eile. Thoir ìomhaigh a-steach don sgoil a bhios na pàirt de chollage sa chlas.
2. Dèan rannsachadh air na Fuadaichean air-loidhne no ann an leabharlann. Tagh trì pìosan fiosrachaidh agus sgrìobh aon seantans airson gach pìos. Dèan cinnteach gu bheil am puingeachadh agus an litreachadh ceart.

## San Sgoil

### 1. Bheil na dealbhan agad?

Cuir na dealbhan còmhla ann an **taisbeanadh**. Bidh seo mar cheann airson obair eile a nì thu.

### 2. Dè bha anns na Fuadaichean?

Faodaidh gach sgoilear **aon phìos fiosrachaidh inntinneach** innse mu na Fuadaichean. Feuch nach bi an aon fhiosrachadh air ath-aithris.

Bidh seo uile mar chùl-raon don sgrùdadh air **Giuthas Sealbhach**.

### 3. Ciamar as urrainn baile a dhol à sealladh?

Faigh mapaichean no atlasan bho roinn a' Chruinn-eòlais, air neo iarr mapaichean an-asgaidh bho VisitScotland. Bu chòir gach sgoilear **map tuairmseach de Chataibh** a ghearradh a-mach/ghlaodhadh no a tharraing nan diotair. Bu chòir Diùranais, Tunga, Dòrnach, Allt na h-Eirbhe agus Ruspainn a bhith air.

Tha Ceann na Beinne, suidheachadh **Giuthas Sealbhach**, eadar Diùranais agus Ruspainn. Leis nach eil e ann tuilleadh, chan eil e air a chomharrachadh air mapaichean.

Faodaidh seo a bhith na phuing iomraidh tro sgrùdadh an nobhail.



Stòr: [http://www.electricscotland.com/history/gazetteer/images/sutherland\\_map.jpg](http://www.electricscotland.com/history/gazetteer/images/sutherland_map.jpg)

## Ceistean Còmhraidh

### Caibideil 1 Srath Nabhair, 1814: An Teine Mòr

- 'Bha anail Anna luath a-nis'**  
Dè tha seo a' sealltainn dhuinn mu dheidhinn mar a bha Anna a' faireachdainn?
- 'Bha Anna na boil'** Dè tha seo a' ciallachadh?
- 'Dh'imlich na lasraichean fiadhaich na clachan glasa, gan dubhadh mar ghual-fhiodha.'** Dè an seòrsa ìomhaighean a tha air an cleachdadh an seo? Dè tha iad a' sealltainn dhuinn?
- 'S e facal creideimh a th' ann an **'Ifrinn'**. Dè tha e ag innse dhuinn mu dheidhinn cho dona 's a bha cùisean?

### Caibideil 2 Ceann na Beinne: 1841

- Dè na trì dòighean anns a bheil an t-ais-shealladh ann an Caibideil 1 eadar-dhealaichte bhon phrìomh sgeulachd? Carson?
- Lorg dà às-earrann mar fhianais gum b' e dachaigh chofhurtail a bha san taigh-tughaidh.
- '...fear de na fuinn aice à Srath Nabhair'**. Saoil dè an ceangal a tha eadar Granna agus an t-ais-shealladh ann an Caibideil 1?
- 'S e cleachdadh saobh-chràbhach a bha ann an 'giuthas sealbhach' ann an slabhraidh na cagailte. An smaoinich thu air cleachdaidhean saobh-chràbhach an latha an-diugh? Dè tha daoine a' smaoineachadh a bheir deagh fhortan dhaibh an-diugh?

### Caibideil 3 An Cèilidh

- 'Tha e tàmailteach nach robh gu leòr againn airson slabhraidh na bu tighe, mar a th' aig Clann MhicAoidh shuas san Taigh Àrd.'** Dè tha seo ag innse dhuinn mu cho beairteach 's a bha an dà theaghlach an coimeas ri chèile?
- Ciamar a bheireadh tu cunntas air Dòmhnall Beag ann an trì faclan?
- Carson a bha Seònaid cho mòr ag iarraidh a dhol gu buain a' mhurain? (duilleag 8)



- d. Lorg pìos eile de dh'fhianais gun robh ceangal aig Granna ris an ais-shealladh ann an Caibideil 1.

#### Caibideil 4 Latha a' Mhurain

- a. Dè na sanasan anns an teacsa a tha a' sealltainn dhuinn gun robh Seònaid feargach? Lorg co-dhiù trì às-earrannan air duilleagan 19-23.
- b. Ciamar a bha Seònaid a' faireachdainn mu dheidhinn a' Mhaighstir-sgoile, Dòmhnall Beag agus Màiri Mackie? Lorg fianais airson do fhreagairt.
- c. Le **'Stad ort!'** air duilleag 25 tha teanntachd a' tòiseachadh agus tha seo a' sìor fhàs. Tha an t-ùghdar gad fhàgail air bhioran aig deireadh na caibideil. Dè na ceistean a th' agad fhèin 's tu a' leughadh a' phìos seo?

#### Caibideil 5 An Suman

- a. An e caractar tarraingeach a th' ann am Peigi? Thoir fianais airson do fhreagairt.
- b. **'Dh'fhosgail dorsan. Sgap cearcan. Fhathast bha mi a' sgreuchail.'** Dè tha eadar-dhealaichte mu structar nan seantanasan an seo, an coimeas ris na chaidh roimhe? Carson?
- c. **'Abair gealtair.'** Cò air a bha màthair Seònaid a' bruidhinn an seo? Carson a thuir i gun robh e na ghealtair?
- d. Nad fhaclan fhèin, inns dè bha an suman (d 31-32) ag ràdh.
- e. A bheil thu a' smaoinachadh gun do thachair an t-ais-shealladh **'Srath Nabhair 1814: An Suman'** ro Chaibideil 1 no às a dèidh?

#### Caibideil 6 A' Choinneamh

- a. Dè am fiosrachadh a bharrachd a tha thu a' faighinn mu Chlann MhicAoidh an Taigh Àird anns a' chaibideil seo?
- b. Carson a dh'iarr muinntir a' bhaile cuideachdadh air a' Mhinistear?
- c. Carson a thigeadh na h-oifigearan-siorraidh airson Iseabail agus na Banalaiche?
- d. **'Nuair a bhithinn nam neach-faire'** – tha an t-ùghdar gad fhàgail air bhioran an seo cuideachd. Dè na ceistean a th' agad aig an ìre seo?

#### Caibideil 7 Taigh a' Mhaighstir

- a. Chrom Anna agus 'shliob i an cat'. Càit eile anns an nobhail an deach cat ainmeachadh?
- b. Carson a b' urrainn Seònaid an obair seo a dhèanamh **'na b' fheàrr na Aonghas no Eachann no gin de na balaich'** (d

62)? Carson a bha seo neo-àbhaisteach?

- c. A bheil an còcaire tarraingeach? Carson a tha/nach eil?

### Caibideil 8 Tron Challaid

- a. Tagh trì faclan a tha a' toirt cunntas air Maighstir MacAnndrais agus lorg às-earrann a tha a' cur taic ri gach facal a thagh thu.
- b. Dè an naidheachd a chuala Seònaid aig Ruspainn?
- c. **'Cha robh guth no sgeul air a' chèic'** – dè bha air tachairt don chèic?

### Caibideil 9 Loidhnichean a' Bhlàir

- a. Cha b' e am blàr eadar Maighstir MacAnndrais agus muinntir a' bhaile an aon bhlàr anns a' chaibideil seo. Cò eile a bha a-mach air a chèile an seo?
- b. Carson a dh'fhàg na boireannaich nuair a chruinnich na fireannaich ann an taigh Ùisdein Rothaich (d 75-6)? An e seo dòigh mhath air coimhearsnachd a ruith?
- c. **'... bhris rudeigin; coltach ri bioran fiodha tana air a lùbadh'** (d 77). Dè an seòrsa ìomhaigheachd a tha seo? Dè tha e a' ciallachadh?
- d. Bhruidhinn Seònaid gu feargach agus chleachd i searbh-chainnt gheur. Sgrìobh na faclan deimhinneach a chleachd i na h-ionnsaigh air Peigi, 's e sin **'deagh bhriathran'**.
- e. Bha clachan agus pìob-mhòr an lùib an ullachaidh airson an dàrna sumain. Saoil carson a bha sin?
- f. Faic duilleag 85. Ciamar a bha daineamaigs a' bhaile air atharrachadh, gu h-àraidh an coimeas ris a' chèilidh ann an Caibideil 3?
- g. Ciamar a bheireadh tu cunntas air tòn (sunnd) an ais-sheallaidh **Srath Nabhair 1814: A' Ghràisg** (d 86)?

### Caibideil 10 An Còta Mackintosh

- a. Dè tha sinn a' faighinn a-mach mu character Eachainn air duilleag 88?
- b. Dè do bheachd air mar a làimhsich Eachann an suidheachadh èiginneach seo? An robh e na sheanair glic don bhaile? Carson a bha/ nach robh?
- c. Bha iongnadh air Seònaid air duilleag 92. Carson nach robh dùil ris na rinn Mgr MacAoidh?
- d. Carson a chòrd e ri muinntir a' bhaile an còta **Mackintosh** a chur air pòla mar bhratach? Carson a bha iad a' dèanamh gàirdeachas?



**Caibideil 11 A' Chiad Dioladh**

- a. Carson a bha na fir a' tilleadh à Ruspainn '**mar shluagh a' coiseachd gu tiodhlacadh**'? Dè bha air tachairt agus carson a bha seo cudromach do na teaghlaichean?
- b. Bha am Maighstir-sgoile gu math toilichte nuair a bha e a' leughadh cinn a' phàipeir-naidheachd. Carson nach robh dragh a'rsan mar a bha air a' chòrr de mhuinntir a' bhaile?

**Caibideil 12 A' tilleadh**

- a. Carson a bhiodh am Maighstir-sgoile a' peanasachadh Seònaid cho tric?
- b. Carson nach robh dùil aig Seònaid Catrìona fhaicinn a' dèanamh air an taigh aig an àm sin den latha?
- c. Ciamar a tha an sunnd anns a' pharagraf mu dheireadh eadar-dhealaichte bho na chaidh roimhe? Dè na faclan a chleachd an t-ùghdar airson seo a dhèanamh?

**Caibideil 13 Am Plana**

- a. Dè na faclan a chleachdadh tu airson cunntas a thoirt air fear a' bhàta? Agus a bhean?
- b. An lorg thu sanas a tha ag innse gun robh Aonghas agus Seònaid cofhurtail còmhla ri chèile?
- c. Carson a leig fear a' bhàta iad air an aiseig gun phàigheadh?

**Caibideil 14 Am Buidheann Earbsach**

- a. '**Mo chreach!**' agus '**Esan a th' ann!**' (d 121). Cò air a bha Seònaid a' bruidhinn agus carson a bha dragh oirre?
- b. '**Stad ort, ille!**' (d 124). Carson a bha an t-Àrd-Neach-stiùiridh a' sgrùdadh Aonghais?
- c. '**S e SEO am buidheann earbsach?**' (d 126) Carson a chuir seo iongnadh air Seònaid?
- d. Bha Seònaid agus Aonghas air breug innse. Saoil ciamar a bhiodh iad a' faireachdainn mu dheidhinn agus a' choimhearsnachd aca cho diadhaidh?
- e. Nad bheachd-sa, a bheil e ceart uair sam bith breug innse?

Am biodh tusa air an aon rud a dhèanamh airson dìon a chur air a' bhaile?

### Caibideil 15 Nuair a thig an t-Àm

- Thuirte Ùisdean, '**Nach tog sinn arm agus bidh e fìor**' (d 130). Saoil ciamar a bha an t-Urramach Findlater a' faireachdainn nuair a chuala e na faclan sin?
- Bha Seònaid a' toirt a chreidsinn gun robh i tinn (d 132). Carson? Saoil ciamar a dhèiligeadh am Maighstir-sgoile rithe an dèidh an turais a ghabh i an latha ron a sin?
- Bha an t-ais-shealladh sa chaibideil seo duilich a leughadh, ach tha e stèidhichte air fianais eachdraidheil bho dhaoine a chunnaic na gràisgean aig Sellar a' cur teine ris na dachaighean. Saoil carson a tha droch-dhìol air beathaichean gar gluasad cho mòr?

### Caibideil 16 Ullachadh

- Lorg trì às-earrannan a tha a' sealltainn gun robh Peigi a' smaoinichadh gun robh i na b' fheàrr na Seònaid.
- Lorg dà às-earrann a tha a' dearbhadh gun robh Seònaid coibhneil ri Peigi, a dh'aindeoin 's mar a bha Peigi ga piobrachadh.
- Tha na tha san ais-shealladh **Srath Nabhair 1814: Creagan agus Cridheachan Fuar** coltach ri cuid de na rudan anns a' chaibideil seo. Lorg nithean ann an sgeulachd Seònaid a tha coltach ris an t-suidheachadh èiginneach aig Iain agus Anna.
- Anns an ais-shealladh air duilleagan 142-143, tha eisimpleirean de dh'uaim a tha a' dèanamh an teacsa nas làidire. Lorg nas urrainn dhut dhiubh.

### Caibideil 17 Fosadh

- Bha Seònaid gu math tinn air duilleagan 146-147 agus cha robh i a' tuigsinn dè bha a' tachairt timcheall oirre. 'S e **ìoranas dràmach** a th' air an dòigh-sgrìobhaidh seo, nuair a tha an leughadair a' tuigsinn na tha a' tachairt ach nach eil an caractar. Carson a bha guth Aonghais '**cho àrd, mar gun robh e bliadhnachan na b' òige na bha e**'? Dè eile nach robh Seònaid a' tuigsinn air duilleag 124?
- Saoil carson a bha Seònaid na h-èiginn a' smaoinichadh nach 'fhaodadh Peigi NicAoidh bàsachadh' (d 150)? Tha sanas an seo: '**Ach cha b' urrainn mo chogais cur suas ris a' chòrr**'.

- c. Ciamar a chruthaich an t-ùghdar co-fhaireachdainn do Pheigi anns a' chaibideil seo?

### Caibideil 18 An Còmhlán

- a. Dè tha am facal 'còmhlán' a' ciallachadh an seo?
- b. Tha mion-chunntas air coltas nan daoine anns a' chòmhlán. An smaoinich thu air eisimpleirean an-diugh far a bheil sinn a' toirt urram do dhreuchd neach dìreach air sgàth 's an t-aodach a tha orra?
- c. Dè am prìomh iomsgaradh eadar an loidhne fhada de dh'oifigearan agus an còmhlán eile anns an ais-shealladh air duilleagan 156-157?
- d. Liùg Seònaid a-mach air an oidhche còmhlá ri na caraidean aice. An do rinn thusa riamh rud agus fios agad nach robh cead agad? Dè am prìomh adhbhar a bha aig Seònaid airson a dhol an aghaidh a pàrantan?

### Caibideil 19 Leusan-teine aig an Taigh-sheinnse

- a. Tha an teanntachd cuimseach àrd tron chaibideil seo gu lèir. Dèan graf-teanntachd, tagh às-earrann bho gach duilleag den chaibideil, agus thoir comharra à deich air an teanntachd anns gach earrainn.
- b. Air duilleag 169, thug Seònaid iomradh air trod a fhuair i bho a màthair na bu tràithe. Sgrìobh an càineadh gu lèir mar a dh'fhaodadh a màthair a bhith air a ràdh, a' lìonadh nam beàrnan (cha tug Seònaid dhuinn ach criomagan).

### Caibideil 20 Dèan Math

- a. Tha mòran sheantansan goirid anns a' chiad pharagraf den chaibideil seo. Dè an atmosfir a chaidh a chruthachadh le seo?
- b. Chaidh Seònaid a chur dhachaigh na h-aonar. An do choisich thusa riamh a dh'àite anns an dorchadas gun duine còmhlá riut? Ciamar a bha thu a' faireachdainn?
- c. Seo caibideil eile a tha a' crìochnachadh 's an leughadair air fhàgail air bhioran. Saoil dè an ath rud a bha a' dol a thachairt?

### Caibideil 21 An Rathad

- a. Tha an clò Eadailteach air na duilleagan seo a' sealltainn smuaintean Seònaid. 'S e **monolog a-staigh** a th' air an dòigh-sgrìobhaidh seo. Saoil carson a chleachd an t-ùghdar seo? A bheil e a' toirt air an leughadair barrachd sùim a ghabhail ann an Seònaid?





- b. Carson a **'chaidh gaoir tro Ghranna'** nuair a dh'inns Seònaid dhi gum feumadh iad falbh **'air an t-Sàbaid'**?

### Caibideil 22 An t-Sàbaid

- a. Ged a bha am baile fhathast fo chunnart, tha an atmosfhir sa chaibideil seo cha mhòr ciùin. Lorg trì às-earrannan a tha a' cur taic ris a' bheachd seo.
- b. Bha boillsgeadh dòchais fiù 's anns an ais-shealladh **Ceann na Beinne, 1814: An Tràigh Bhuidhe**. Ciamar a tha an t-ais-shealladh mar sgàthan a tha a' sealltainn na bha a' dol air adhart anns a' chaibideil seo?

### Caibideil 23 Ceàrnag Dhiùrain

- a. **'Cha do chòrd e rium nach robh fios agam air dad dhen seo gus an robh i air falbh.'** An aithne dhutsa neach a tha nas sine ris am b' urrainn dhut bruidhinn barrachd?
- b. Air duilleag 201 thuirte Seònaid, **'...chaidh am mìr mu dheireadh de dhòchas fhuadachadh bhom chridhe'**. Dè an seòrsa ìomhaigheachd a tha seo, agus dè tha e ag innse dhuinn mu staid inntinn Seònaid?
- c. Ciamar a dh'atharraich beachd muinntir a' bhaile air an Oifigear-siorraidh Caimbeul anns a' chaibideil seo? Carson?
- d. **'Bha an t-ainm mar sgian -'**. Dè an seòrsa ìomhaigheachd a tha seo agus dè tha e a' sealltainn dhuinn?

### Caibideil 24 Seula an Diùc

- a. An do chuir e iongnadh ort nuair a nochd am Ministear is litir aige bhon Diùc? Inns carson.
- b. An cuireadh e iongnadh ort cluinntinn gun do thachair am pàirt seo den sgeulachd ann an da-rìribh? Inns carson.
- c. Carson a chuir e beagan iongnaidh air Seònaid gun robh aon gheamhradh eile **'math gu leòr'** dhìse (d 216)

### Caibideil 25 An Tiodhlac

- a. Chleachd an t-ùghdar ath-aithris air duilleagan 218-219. Dè na faclan no na h-abairtean a tha air an ath-aithris? A bheil seo èifeachdach? Carson?
- b. Carson a bha e cudromach do Ghranna agus do Sheònaid gun robh Canada **'làn chraobhan giuthais'**?
- c. Dè do bheachd air an tìotal Giuthas Sealbhach? An smaoinich thu air tìotal nas fheàrr don leabhar seo?
- d. Saoil carson a chrìochnaich an t-ùghdar an leabhar le Granna agus Seònaid?

## Nota an Ùghdair

Feuch gun leugh thu seo. 'S dòcha gun cuir e iongnadh ort na tha den fhìrinn anns an sgeulachd.

## Gnìomhan do Thidsearan

### 1. A' leughadh an teacsa agus a' còmhradh mu na ceistean (air fheadh)

***Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sìor fhàs.***

**GAI 2-12a**

***A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.***

**LIT 2-14a**

***Airson sealltainn na tha mi a' tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh, beachdachadh orra agus am fiosrachadh mionaideach a tha a' cur taic riutha a chur gu feum.***

**LIT 2-16a**

***Airson mo thuigse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.***

**ENG 2-17a**

### 2. Cairtean caractar (tron nobhail)

***'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.***

**LIT 2-15a**

Aig deireadh gach caibideil, bu chòir na sgoilearan **fiosrachadh a chur ri cairtean nan caractaran**. Tha fiosrachadh ùr agus às-earrannan a' cur ris an dealbh agus ag ullachadh nan sgoilearan airson deasbad/pannal cheistean aig an deireadh. Bu chòir an fheadhainn as fheàrr a thaisbeanadh fon cheann Clas

Tha beachd airson cruth nan cairtean air an ath dhuilleig, ach faodaidh sgoilearan an dreach fhèin a chruthachadh, agus cùl nan cairtean a chleachdadh airson às-earrannan agus iomradh air duilleagan. Mar as motha a chuireas iad de mhion-fhiosrachadh ris na cairtean, 's ann as fhasa a bhios na gnìomhan aig an deireadh.



# Feartan Character

Ainm: \_\_\_\_\_

Deit: \_\_\_\_\_

## Feartan A-muigh

Na chì thu air an taobh a-muigh

## Feartan A-staigh

Smuaintean, faireachdainnean,  
gnìomhan agus còmhradh

Ainm a' Character

Dealbh den Character

### 3. Cathair nan ceist (aig prìomh amannan san sgeulachd)



*'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn. **LIT 2-07a***

*Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh: • fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse • pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh • na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrr-chunntas a dhèanamh air na prìomh phuingeagan agus cho-dhùnaidhean • puingeagan a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh. **LIT 2-09a***

Aig prìomh amannan san leabhar, faodaidh an tidsear cuideigin a thaghadh airson **agallamh mar gur iad Seònaid no caractar eile**, 's iad air an TBh no an rèidio. 'S dòcha gum bi aca ri aodach no prop sònraichte a chur orra, agus ma tha spot-sholas ri fhaotainn, cuiridh sin gu mòr ris a' chùis. Bu chòir don chleasaiche freagairtean a thoirt ann an làrach nam bonn, ach faodaidh càch ceistean ullachadh don agallamh an dèidh dhaibh na caibideilean buntainneach a leughadh.

### 4. A' cruthachadh an t-Sumain (an dèidh Caibideil 5)

*Tha mi a' smaoinachadh air a' bhuaidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach dom leughadair. **LIT 2-24a***

*An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh, caractaran inntinneach agus/no suidheachaidhean a tha a' tighinn beò. **GAI 2-31a***

Dh'fhaodadh seo a bhith freagarrach mar obair-dachaigh. Bu chòir na sgoilearan an **suman a chruthachadh** a tha air duilleagan 31-32, agus crìoch a chur air an teacsa. Bu chòir dha a bhith coltach ri sgrìobhainn oifigeil, ach bu chòir gum biodh coltas seann-fhasanta air cuideachd – ribeanan tiugh, seulaichean cèir, sgrìobhadh seann-fhasanta/peann-ite agus inc 's msaa.

Dh'fhaodadh iad seo cuideachd a dhol ri taisbeanadh-balla a' chlas.

## 5. Duilleag-aghaidh Pàipear-naidheachd (an dèidh Caibideil 11)

*Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam. GAI 2-27a*

*'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhineachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. LIT 2-28a*

*'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, cùisean a rannsachadh no beachd a chur an cèill, a' cur taic riutha le fiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean. LIT 2-29a*

*Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais. LIT 2-26a*

*Tha mi a' smaoinachadh air a' bhuaidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach dom leughadair. LIT 2-24a*

Air duilleag 100, leugh am Maighstir-sgoile a-mach criomagan bhon artaigil sa phàipear-naidheachd air an ar-a-mach. Bha na pàipearan-naidheachd a' toirt droch bheachd air muinntir Cheann na Beinne. Bu chòir do na sgoilearan **duilleag-aghaidh a' phàipeir-naidheachd a chruthachadh**, agus an ceann-naidheachd agus an t-artaigil a sgrìobhadh, a' gabhail a-steach nam pìosan a leugh am Maighstir-sgoile a-mach. Bu chòir dhaibh coltas pàipear-naidheachd a leantainn agus dealbhan a chur ann. 'S dòcha gum bi rùm ann do cholbh-bheachd air na Fuadaichean, no sanasan ann an stoidhle an 19mh Linn? Faodaidh na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air an son air an eadar-lìon no an fheadhainn aca fhèin a chruthachadh. Cuiridh na duilleagan seo cuideachd ri taisbeanadh a' chlas. Faodar an gnìomh a dhèanamh ann am buidhnean gus ionnsachadh co-obrachail agus obair le sgaradh a cheadachadh.

## 6. Earrann Leabhar-latha (an dèidh Caibideil 14)

*Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais. LIT 2-26a*

***Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam. GAI 2-27a***

Bu chòir do na sgoilearan earrann leabhar-latha a sgrìobhadh mar Seònaid no Aonghas, an dèidh dhaibh tilleadh bhon aiseig aig Port Chamail.

## 7. Iomairt Math Bheathaichean (an dèidh Caibideil 15)

***A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacs, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-14a***

***'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoinichadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. LIT 2-15a***



Tha an t-ais-shealladh mu dheidhinn a' chait a' cur uabhas air mòran leughadairean, ach tha na thachair an seo cuideachd air a chlàradh ann an cunntasan eachdraidheil le luchd-fianais. Gu mì-fhortanach, tha beathaichean fhathast a' fulang droch-dhìol an-diugh. Bu chòir na sgoilearan **bileag a dhèanamh** le fiosrachadh buntainneach, a tha ag iarraidh air daoine beathaichean lag a dhìon. Tha stòran fiosrachaidh agus eisimpleirean gu h-ìosal.

<https://www.scottishspca.org/about/>

<http://www.mirror.co.uk/news/world-news/gang-kids-kick-flamingo-death-10025926>

<http://www.bbc.co.uk/news/uk-17821630>

<http://www.scotsman.com/news/animal-abuse-a-worrying-sign-1-951780>

## 8. Òraidean (an dèidh Caibideil 23)

***Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, 's urrainn dhomh firinn agus beachd aithneachadh o chèile agus an diofar eatarra a mhìneachadh, agus is urrainn dhomh aithneachadh nuair a tha ìmpidh ga chur orm agus measadh dè cho feumail is earbsach 's a tha na goireasan agam. LIT 2-18a***

***'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt***

***cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn. LIT 2-07a***

***Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, is urrainn dhomh firinn aithneachadh o bheachd, agus tha mi ag ionnsachadh a bhith ag aithneachadh nuair a tha na goireasan agam a' feuchainn ri buaidh a thoirt orm, agus dè cho feumail 's a tha iad. LIT 2-08a***

*'Gun teagamh, bha e math air òraid a dhèanamh!' Bu chòir na sgoilearan **òraid an t-Siorraidh a leughadh** (d 203-207). Dè na **dòighean** a chaidh a chleachdadh gus ìmpidh a chur air na daoine? Dh'fhaodadh na sgoilearan èisteachd ri òraidean ìmpidheach eile, me, òraid *I have a dream* aig Martin Luther King, agus/no òraidean bho luchd-buannachaidh Deasbad nan Sgoiltean, a gheibhear air-loidhne. Bu chòir dhaibh **liosta de na dòighean a dhèanamh** agus an uair sin an òraid ìmpidheach aca fhèin a sgrìobhadh, a' cleachdadh nan aon dòighean (uaim, bruidhinn gu dìreach ris an luchd-amais, às-earrannan, ath-aithris, liostaichean de thrì, briathrachas brosnachail, geallaidhean, maoidheadh, 's msaa).*

## 9. Deasbad Mas Fhìor (aig an deireadh)

***Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoinachadh. LIT 2-02a***

***'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoinachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. LIT 2-15a***

Faodaidh seo tachairt nuair a tha an clas air an nobhail gu lèir a leughadh. A' cleachdadh cairtean nan caractaran, bu chòir don tidsear **caractar a thoirt do chleasaichean deònach, agus ùine iomchaidh a thoirt dhaibh airson rannsachadh/ullachadh, mus dèan iad deasbad air a' mholadh mar an caractar. Bidh cuid de na caractaran a' bruidhinn airson a' mholaidh agus cuid na aghaidh. Bu chòir don chlas bhòtadh an uair sin agus thèid innse gun deach 'gabhail ris a' mholadh' no nach deach 'gabhail ris a' mholadh'.**

Bha e CEÀRR do mhuinntir Cheann na Beinne sabaid an aghaidh an òrdugh fuadachaidh.

## 10. Pannal mar *Question Time* (aig an deireadh)

*Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh. LIT 2-02a*

*'S urrainn dhomh aithneachadh mar as urrainn feartan cànan labhairt cuideachadh le conaltradh, agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum. 'S urrainn dhomh diofar fheartan aithneachadh anns a' chànan labhairt agam fhìn agus aig daoine eile. GAI 2-03a*

An dèidh crìoch a chur air an nobhail, bu chòir na sgoilearan cairtean nan caractaran a chleachdadh gus ullachadh a dhèanamh airson **prògram pannal mar *Question Time***. Faodaidh an clas gu lèir ceistean buntainneach ullachadh, agus bu chòir na cleasaichean smaoineachadh dè na ceistean a thèid a chur orra, agus freagairtean ullachadh a tha a rèir nan caractaran a tha iad a' cluich. 'S dòcha gun cuidich e na sgoilearan ma choimheadas iad criomag den phrògram airson eòlas a chur air fòrmat a' phrògram. Tha e a' cur ris a' chùis ma thèid bhidio a thogail den phannal, agus faodar dealbhan a thèid a thogail a chur ri taisbeanadh a' chlas.

## 11. Comaig Dhealbhan-camara (aig an deireadh)

*'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. LIT 2-15a*

Bu chòir na sgoilearan dian-bheachdachadh a dhèanamh air dè na 10-12 prìomh thachartasan a tha san nobhail ***Giuthas Sealbhach***. Nuair a tha iad aca san òrdugh cheart, faodar beagan èididh/props agus camara a thoirt dhaibh gus **dealbhan reòhte a thogail de na prìomh mhòmaidean dràmach seo**.

Nuair a tha iad air am priontadh, faodar na dealbhan a thaisbeanadh le cinn agus builgeanan-còmhradh. Na dìochuimhnich buadhan-fuaim!



**BRAG!**



## 12. Dachaighean loma-ghinealaich

***Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach. LIT 2-10a / LIT 3-10a***

Bha Seònaid, a pàrantan agus a seanmhair a' fuireach còmhla anns an aon dachaigh, agus bha sean agus òg còmhla an lùib iomadh tachartas ann an Giuthas Sealbhach. Bha meas aca air a chèile agus bha iad a' coimhead às dèidh a chèile. Mar obair-dachaigh, **bu chòir na sgoilearan neach nas sine a lorg (ball den teaghlach no nàbaidh) agus agallamh a dhèanamh ris/rithe air an dòigh anns an robh a' bheatha na bu dùbhланаiche san àm a dh'fhalbh.** Bu chòir dhaibh na toraidhean innse don chlas.

**Deasbad Clas:** Coimhead

<https://www.facebook.com/worldeconomicforum/videos/10154162043261479/>

Am bu chòir dhuinn an dòigh anns a bheil sinn beò san dùthaich seo atharrachadh?

## 12. Dàn air na Fuadaichean (aig an deireadh)

***Ann an teacsaichean goirid agus fada, is urrainn dhomh puingeachadh freagarrach a chleachdadh, structaran eadar-dhealaichte a chur air seantansan agus m' obair a roinn ann am paragrafan ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall don leughadair. LIT 2-22a***

An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh, caractaran inntinneach agus/no suidheachaidhean a tha a' tighinn beò. ENG 2-31a

Bhiodh bàird a chaidh fhuadachadh a' dèanamh òrain mu na sgìrean 's mu na dachaighean a dh'fhàg iad.

Seall air an eisimpleir seo.

## O teannaibh dlùth is togaibh fonn

### Sèist

O teannaibh dlùth is togaibh fonn,  
Mo chridhe trom air m' aineol,  
'S mi fad o eilean nan damh donn  
'S bho thìr nan gleann 's nan gallan.

### 1

O beir an t-soraidh seo nis bhuam  
Thar chuain is chruaich is bheannaibh,  
A dh'ionnsaigh Muile nam beann fuar,  
O! Eilean uain' a' bharrach.

### 2

Och, a rìgh, nach mi bha thall  
An tìr nan gleann 's nam bealach;  
Tìr nan craobh, 's i tìr mo ghaoil,  
Nan lagan fraoich is raitheach.

### 3

Siud na glinn sam faighte 'n aoidh,  
'S na roinn chum taobh na mara;  
Tha luchd mo ghaoil an-diugh ma sgaoil  
'S an t-àit' fo caoraich Shasainn.

### 4

Tha 'n-diugh gun taigh, gun sgrath, gun chrùib,  
Gun chloich os cionn na starsnaich;  
Tha leac an teintein air fàs fuar  
Le còinneach ruadh tighinn fairis.

### 5

Gur truagh a' Ghàidhlig bhith na càs  
On dh'fhalbh na Gàidheil a bh' againn;  
A ghineil òig tha tighinn nan àit'  
O, togaibh àrd a bratach.

([https://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/o\\_tearnaibh\\_dluth\\_is\\_togaibh\\_fonn/](https://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/o_tearnaibh_dluth_is_togaibh_fonn/))

Tha 4 loidhnicheann anns gach rann. Tha an aon ruitheam aig gach rann. Gu tric tha an aon fhuaim aig deireadh a' chiad 's na treas loidhne, me, fonn, donn san t-sèist, agus càs, àit' san rann mu dheireadh, agus cuideachd aig deireadh na dàrna 's na ceathramh loidhne, me, mara, Shasainn san treas rann, agus againn, bratach san rann mu dheireadh. 'S e seo comhardadh.

Tha am bàrd a' toirt dealbh dhuinn air bòidhchead an àite, an gràdh a bha aige don àite agus do na daoine a tha e ag ionndrainn cho mòr, agus coltas an àite an dèidh do na daoine a bhith air am fuadachadh. Tha e cuideachd a' toirt iomradh air staid na Gàidhlig agus ag iarraidh air an òigridh a' Ghàidhlig a chumail suas.

Còmhla ri caraid, feuch an dèan thu òran mar neach a chaidh fhuadachadh bhon Ghàidhealtachd agus a tha a-nis a' fuireach ann an Glaschu no ann an Canada.



**13. Lèirmheas Leabhair (aig an deireadh)**

***Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean fhìn agus bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a fhreagras air feuman mo luchd-amais. LIT 1-20a / LIT 2-20a***

Bu chòir na sgoilearan lèirmheas goirid air an leabhar a sgrìobhadh agus a thaisbeanadh air a' bhalla no anns an leabharlann. Bu chòir dhaibh an obair aca a sgrùdadh fhad 's a tha iad a' dol air adhart, agus dèanamh cinnteach gu bheil e a' dèanamh ciall air a' chiad leughadh.

**14. Cairtean Top Trumps (aig an deireadh)**

***Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean fhìn agus bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a fhreagras air feuman mo luchd-amais. LIT 1-20a / LIT 2-20a***

Bu chòir **na sgoilearan** liosta a dhèanamh de nas urrainn dhaibh de na caractaran à Giuthas Sealbhach. Leig le gach buidheann **geama chairtean Top Trumps** a chruthachadh, le dreach a tha iad fhèin a' smaoinichadh a tha iomchaidh. Bu chòir gach caractar sgòr fhaighinn fo cheithir cinn/buadhan, mar eisimpleir:

Misneachd	Gliocas	Beairteas
Neart	Coibhneas	Tarraingeachd

Stòr TES. Faodar an ìomhaigh a mheudachadh.

A vertical rectangular form with a light olive background. It features a small rounded rectangle at the top, a large rounded rectangle in the middle, and four smaller rounded rectangles stacked at the bottom.

A vertical rectangular form with a light olive background. It features a small rounded rectangle at the top, a large rounded rectangle in the middle, and four smaller rounded rectangles stacked at the bottom.

A vertical rectangular form with a light olive background. It features a small rounded rectangle at the top, a large rounded rectangle in the middle, and four smaller rounded rectangles stacked at the bottom.

A vertical rectangular form with a light olive background. It features a small rounded rectangle at the top, a large rounded rectangle in the middle, and four smaller rounded rectangles stacked at the bottom.